


AINM: CLAS:

Ìre 3 Fìleantaich

Rìg a' Chladach

Le Iain Mac a' Ghobhainn



Cànan

Coimhead air na faclan/abairtean gu h-ìosal a nochd san sgeulachd. Tagh a' chiall as fhaisge do gach facal no am facal a tha a' ciallachadh an aon rud. Nuair a tha thu air sin a dhèanamh, cleachd na faclan/abairtean ann an seantansan ùra.

Chaidh eisimpleir a dhèanamh dhut mar-thà.

sgriosail – uabhasach

Bha an t-sìde sgriosail air an deireadh-sheachdain.

1. **a' leaghadh**

- na theine
- a' bogachadh le teas
- a' gabhail na grèine
- a' plubadaich san uisge

Seantans:

2. **gun sgòth**

- frasach
- dorcha
- adhar gorm
- gun bhàta

Seantans:

3. **a' lasadh**


- a' boillsgeadh
- a' dannsadh
- a' seòladh
- a' tilgeil

Seantans:

4. **a' sgiathalaich**

- sgreuchail
- a' coiseachd
- ag iasgach
- air iteig

Seantans:



Smaoinich e le goirseachadh air na fìaclan ud a' slaodadh coise no guailne dheth, am muir làn fala agus a' ghrian theth a' dòrtadh sìos às an adhar.

5. **siorc**

- cearban
- muc-mhara
- leumadair
- pèileag

Seantans:

6. **sàilean**

- glùinean
- adhbrannan
- buinn do chasan
- calpannan

Seantans:

7. **gu sgàineadh**

- a' bualadh
- a' breabail
- gu h-obann
- a' sgoltadh

Seantans:

8. **neoichiontach**


- olc
- gun choire
- aotrom
- cunnartach

Seantans:

8. **bruadar**

- leabaidh
- buaireadh
- aisling
- bùrach

Seantans:



Leugh an sgeulachd. Obraich còmhla ri caraaid. Smaoinich air na seantansan gu h-ìosal. A bheil iad ceart no ceàrr?

1.	Bha Ralph a' fuireach ann am meadhan a' bhaile mhòir.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
2.	Tha Astràilia agus Breatainn gu math coltach ri chèile.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
3.	Bha màthair Ralph a' togail trìuir chloinne leatha fhèin bhon a chaochail an duine aice.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
4.	Bha an t-eagal air Ralph ro aillse craicinn.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
5.	Bha e air fàs sgìth den amar-snàmh a bh' aca sa ghàrradh.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
6.	Bha beathaichean annasach air feadh an àite ann an Astràila.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
7.	Cha robh Ralph idir math air snàmh.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
8.	Bha an tràigh gu math glan, gun truailleadh sam bith oirre.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
9.	Chlisg Ralph nuair a chunnaic e siorc sa chuan.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
10.	Shnàmh e air ais dhan tràigh air a shocair.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
11.	Chroch na h-ùghdarrasan bratach uaine airson rabhadh a thoirt do dhaoine mun t-siorc.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
12.	Bha trom-laighe air Ralph an oidhche ud mun t-siorc.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR



Bàrdachd

Tha dealbh gu tur eadar-dhealaichte dhen tràigh sa phìos bhàrdachd gu h-ìosal. Leugh a' bhàrdachd agus freagair na ceistean.

Aig a' Chladach (Seillean sa Bhotal le Mairead Hulse)

*Tuinn bheaga le cìrein gheala a' cluich mu bhile na tràghad,
Gainmheach bhlàth fom chasan, iad rùisgte, gam bogadh san t-sàl.
Tha an fhaoileag a' sgiathail mun eilean, tha lannir air uisge a' bhàigh,
Grian shoilleir a' deàrrsadh on àird orm, a gathan làn beannachd a' bhlàiths.*



1. **Tagh facal às a' chiad loidhne a bhios a' toirt oirnn a bhith a' smaoinichadh nach eil a' mhuir cunnartach idir.**

- bheaga
- gheala
- a' cluich
- bile

2. **Cò ris a tha a' ghainmheach coltach?**

- fuar
- blàth
- salach
- glas

3. **Ciamar a tha an duine air a sgeadachadh air an tràigh?**


- Tha e casruisgte.
- Tha bòtannan air.
- Tha stocainnean air.
- Tha stocainnean agus bòtannan air.

4. **Dè tha e a' dèanamh?**

- Tha e a' snàmh.
- Tha e na shuidhe air creig.
- Tha e a' plubadaich san uisge.
- Tha e a' togail sgudal.

5. **Dè tha an fhaoileag a' dèanamh?**

- Tha i na suidhe air creig.
- Tha i a' snàmh sa mhuir.
- Tha i air iteig.
- Tha i ag iasgach sa mhuir.



Sgrìobh

Sgrìobh pìos bàrdachd mu shiorc a' gluasad sa chuan agus a' cur an eagail air daoine. Dèan coimeas eadar bòidhchead an àite agus olc an t-siòrc. Feuch ri buadhairean a chleachdadh agus faodaidh tu feadhainn de na faclan a chleachd lain Mac a' Ghobhainn san sgeulachd a chur an gnìomh cuideachd. Dèan tuairisgeul den t-siòrc agus na faireachdainnean a th' aig daoine nuair a chì iad e. Tha eisimpleir gu h-ìosal. Thoir sùil air an eisimpleir còmhla ris an tidsear. Smaoinich air na dòighean a chleachd am bàrd gus am pìos a sgrìobhadh. Ma thogras tu, faodaidh tu a' chiad loidhne den bhàrdachd gu h-ìosal a chleachdadh sa bhàrdachd agad.

Sealgair na Mara

*Siorc seòlta sleamhainn a' snàmh san t-sàl,
Acrach, brùideil, cunnartach.
Snàmhadairean neoichiontach a' plubadaich san uisge.
Ite dhubh a' treabhadh a' chuain ...
A' sior thighinn nas fhaisge.
Beul guineach fosgailte, a' feitheamh
Falaichte ann an dìomhaireachd an dorchadais.
Fàileadh feòla na chuinnlean.
Cop fala air uachdar na mara.*

